


beatha
le
buaidh

U.S. Soccer

maradona

U.S. Soccer Maradona




beatha le
buaidh

beatha le
buaidh

A
N
A
R
A
N
A

2
3
4
5
6



Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochedachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-72-9



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride Mac'Uilemhaoil.

DIEGO MARADONA

Diego Maradona

Ged a tha iomadach bliadhna ann bho sguir Diego Maradona a chluich ball-coise, tha mòran fhathast dhen bheachd gur e an cluicheadair a b' fheàrr a bha ann a-riamh. Ged a tha e air a bhith an sàs ann an iomadach sgaineal na bheatha phearsanta agus na chluicheadair, 's ann mar shàr-chluicheadair ball-coise as fheàrr a tha cuimhne air.

Can aonaid tuan can

DIEGO MARADONA



5

4

DIEGO MARADONA



Conasadh DIEGO MARADONA

Toiseach tòiseachaidh

Rugadh Diego Armando Maradona ann an 1960 agus coltach ri iomadh cluicheadair ball-coise eile bho Argentina agus Aimeireaga a Deas, b' ann bho theaghach gu math bochd a bha e. B' ann air sràidean baile Seantaidh, faisg air prìomh-bhaile Argentina, Buenos Aires, a thòisich e air ball-coise a chluich. Anns a' bhaile far an deach àrach bha na taighean air an togail le fiodh agus iarrann agus cha robh uisge no dealan anns na taighean aig a h-uile duine. Bhiodh Diego a' cluich anns na sràidean am measg nan taighean agus an t-salchair. Ach bha e gu math follaiseach gun robh rudeigin sònraichte mu dheidhinn. Chaighd a thaghadh le fear de phrìomh sgiobaidhean na dùthcha, Argentina Juniors, nuair a bha e 10 bliadhna a dh'aois. Cha robh Diego ach 15 nuair a chluich e an toiseach dhan sgioba ann am prìomh lìg na dùthcha. 'S e fear dhe na cluicheadairean a b' òige ann an dùthchaich sam bith a chluich ann am prìomh lìg.

DIEGO MARADONA

A' Gluasad dhan Roinn Eòrpa

An dèidh a bhith a' cluich do sgiobaidhean proifeiseanta ann an Argentina airson còig bliadhna, agus ann an Cupa na Cruinne anns an Spàinn, għluais e gu Barcelona ann an 1982. Aig an àm sin, b' e an cluicheadair a bu daoire a bha ann a-riamh 's e a' cosg f5 millean dhaibh. Bha e a' cluich do dh'iomadach sgioba anns an Roinn Eòrpa ach 's cinnteach gur ann an sgioba Napoli, anns an Eadailt, as measail a tha an luchd-leantail air fhathast. Bha e a' cluich dhaibh airson seachd bliadhna agus bhuannaich iad Lìg na h-Eadailte dà thuras a bharrachd air Cupa na h-Eadailte cuideachd. Cha robh Napoli a-riamh air a bhith cho soirbheachail agus bha buaidh mhòr aig Maradona air sin.

Can aonduin tuan can

DIEGO MARADONA



DIEGO

MARADONA



Con orgullo tuyo con

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

DIEGO MARADONA



Conasadh b' ann

DIEGO MARADONA

Làmh Dhè

B' ann am Meagsago a bha Cupa na Cruinne air a chumail ann an 1986 agus gun teagamh sam bith, b' e Maradona an cluicheadair a b' fheàrr. Ach, ged a bhuanach Argentina Cupa na Cruinne a' bhliadhna sin, 's ann airson a' ghèam an aghaidh Shasainn as fheàrr a tha cuimhne aig daoine air Diego. Fhuair Diego dà thadhal – aon fhear le làimh agus fear eile le bhith a' ruith bho mheadhan na pàirce seachad air cluicheadairean Shasainn agus a' cur a' bhuill dhan lòn. An dèidh a' ghèam nuair a chaidh fhaighneachd dha mun tadhail a chuir e le làimh cha tuirt Diego ach "Mas e làmh sam bith a bha ann, 's e làmh Dhè a bha ann!"


DIEGO MARADONA

Crionadh

Ged a lean Maradona air a' cluich gu 1997, cha b' e an aon chluicheadair a bha ann. Bha trioblaidean aige le shlainte agus ann an 1991 agus a-arithist ann an 1994 chaith a chasg bho bhith a' cluich airson drogaichean a ghabhail. Bha a bheatha mar chluicheadair aig àrd-ìre a' tighinn gu crìch agus bha trioblaidean pearsanta agus ionmhais air milleadh mòr a dhèanamh air a bheatha. Fiù 's aon turas nach do loisg e air neach-naidheachd le gunna-aeir an dèidh, na bheachd-san, iad a' cur nan srònan aca ro dhomhainn dhan bheatha phearsanta aige.

Comodoro Maradona

DIEGO MARADONA



DIEGO MARADONA



Conasadh tau DIEGO MARADONA

Ùrachadh

Ged a bha trioblaidean ann am beatha Mharadona fad mòran bhliadhnaichan, tha e a-nis air obair ùr fhaighinn dha fhèin. Ged nach bi e a' cluich ball-coise proifeiseanta tuilleadh, tha e gu mòr an sàs anns a' ghèam. Bidh e a' bruidhinn mu bhall-coise air an telebhisean anns An Spàinn, An Eadailt agus ann an Argentina. Tha daoine a-nis a' cuimhneachadh air a-rithist airson a chomasan mìorbhailteach le ball seach airson trioblaidean pearsanta sam bith a bha aige. Chan eil teagamh nach eil Diego Maradona, a bha a' cluich am measg nam bothan na bhalach òg, air cliù agus urram a chosnadh dha fhèin airson cho math agus a bha e air ball-coise.

DIEGO MARADONA

Cò e?

Latha Breith

30/10/1960



Cò às a tha e?

Argentina

Aois a thòisich e air cluich mar
phroifiseantach.

15

Teaghlaich

Bho theaghlaich air leth bochd.

Duaisean

Cuach na Cruinne, 1986

Lìg na h-Eadailte